

# NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE ANDWORK

AIREAMH 10 | 2012 | AN DAMHAIR

## Facal Toisich

Canaidh cuid gun tig an latha anns nach bi leabhraichean air an cleachdadh mar a tha sinne eòlach orra an-diugh. Leis na h-innealan mìorbhaileach a tha againn anns an linn seo thèid agad air iomadh leabhar a stòradh air clàr beag a chumas tu nad làimh. Ma tha thu a' siubhal air trèan no bàta no itealan thèid agad air leabhar a leughadh air sgàilean beag air do bheulaibh. Chì thu barrachd luchd-siubhail a' dèanamh sin a-nis.

Aig aon àm bhiodh sgeilpichean aig daoine le leabhraichean fiosrachaidh de gach seòrsa, faclairan agus eile. Ach air coimpiutair gheibh thu fiosrachadh mar sin, air gach cuspair air an smaoinich thu, am broinn an inneil. Cha ruig thu a leas ach putan a bhrùthadh agus lorgaidh tu fiosrachadh air puing sam bith. Ann am prìobadh na sùla thèid ceist a tha ort mu thachartas ann an eachdraidh, no mu bheatha cuideigin, a fhreagairt.

Tha e doirbh dhuinne a tha a' cur luach air leabhraichean dealbh a dhèanamh air saoghal anns nach biodh pàipearan no leth-bhreac de leabhraichean. An seo tha mi air mo chuartaich le leabhraichean. 'S toigh leinn a bhith a' dol gu sgeilp agus leabhar a thogail anns am faigh sinn am fiosrachadh a tha a dhìth oirnn. Ma tha seòmar-leughaidh againn bidh na leabhraichean air an roinn ann an cuspairean airson gun lorg sinn am fear a tha sinn ag iarraidh gun duilgheadas sam bith.

Faodaidh tu am Bìoball a leughadh air coimpiutair no air na h-innealan iongantach eile a gheibhear an-diugh. Ach don chuid mhòir againn tha rud-eigin air leth ann mu bhith a' togail leth-bhreac de na Sgrìobtaran nar làimh, 's dòcha Bìoball a tha air a bhith againn fad iomadach bliadhna, agus an seann seann sgeul a tha daonnan nuadh a leughadh air ar socair as-ùr. Thig agus falbhaidh innleachdan ùra, ach cha bhi ann ach aon leabhar ris an can sinn "An Leabhar".

**Leis gach beannachd,  
Ruairidh MacLeòid.**




Thogadh an eaglais ann an Togha Mòr ann an 1858, air a dealbh leis an ailtair Iain MacDhiarmaid. Faisg oirre tha làraich eaglais on treas linn deug. Ged a tha an togalach sìmplidh, tha e sònraichte ann am barrachd air aon dòigh. Tha an eaglais seo air tè den bheagan ann an Alba aig a bheil bòrd comanachaidh anns a' mheadhan a tha a' ruith o cheann gu ceann den togalach. Tha an togalach geal seo 'na chomharradh-stiùiridh do dh'iasgairean a-muigh anns a' chuan. (An dealbh le Linda Gowans.)

## Cùil Nan Ceist

Aig an àm seo den bhliadhna bidh toradh na talmhainn air a chruinneachadh a-steach. Glè thrì bhiodh Sàbaid anns an Dàmhair air a cur air leth mar Latha-taingeachd an Fhoghair. Ann an cuid de sgìrean cha bhiodh an latha sin ann gus am biodh an sguab mu dheireadh tèarainte anns an iodhlainn, ged nach biodh sin ann gu toiseach na Samhna. Air a' mhìos seo tha sinn a' cur cheist oirbh mu thoraidhean de gach seòrsa. Tha na freagairtean air an duilleig-chùil.

1. Cò a thug tabhartas de thoradh an fhearainn don Tighearna? (Genesis, caibideil 4.)
2. Lìon a' bheàrn: "Toradh sìochail na -----." (Eabhraidhich, caibideil 12.)
3. Dè a' chraobh a tha a' giùlan dà thoradh dheug? (Taisbeanadh, caibideil 22.)
4. Cò a bhios a' feitheamh ri toradh luachmhor na talmhainn? (Seumas, caibideil 5.)

# Toimhseachan Tarsaing



(Ann an àite no dhà chan eil na faclan buileach mar a tha iad ann an cainnt a' Bhìobaill – mar eisimpleir, *calltachd* far a bheil *call* anns an Tiomnadh Nuadh.)

## Tarsaing

1. Bha seo a' toirt air an iasg bàsachadh. (4) – Isaiah, caibideil 50.
4. “Bidh ainm-san ---- gu suthain sìor.” (4) – Salm 72, ann am meadrachd.
6. Thubhairt Pòl gun seachnadh iad seo. (9) – Gnìomharan, caibideil 27.
7. “Agus dh'fhalbh iad o ----.” (4) – Ecsodus, caibideil 16.
9. Athair Shalatiel. (4) – Lùcas, caibideil 3.
10. Thug Sadoc seo às a' phàillean. (6,3) – 1 Rìgh, caibideil 1.
12. “Bha Sem ---- bliadhna a dh'aois.” (4) – Genesis, caibideil 11.
13. An t-aodann air an robh aghaidh duine. (4) – Eseciel, caibideil 10.

## Sìos

2. “No, --- siud, as saidhbhre fion”. (3) – Salm 4, ann am meadrachd.
3. Chaidh Balàam gu àite mar seo. (6,3) – Aireamh, caibideil 23.
4. “Gheibh sinn -----.” (9) – Seumas, caibideil 4.
5. Tha an gleann seo mar dhoras dòchais. (5) – Hosèa, caibideil 2.
8. Thig e mar ghadaiche anns an oidhche. (2,3) – 1 Tesalonianaich, caibideil 5.
11. Bha a' chuid seo den taigh air a chòmhdach le òr. (3) – 1 Rìgh, caibideil 6.



Nuair a chomharraich coitheanal Loch nam Madadh agus Thrumaigearraidh gu bheil ceud bliadhna bho dh'fhosgladh eaglais Loch nam Madadh, thug an t-Oll. Urr. Ruairidh MacLeòid òraid seachad air eachdraidh na h-eaglais agus air na cuimhneachain a bha aige fhèin air an taigh-adhraidh. Sin far an deachaidh e don Sgoil Shàbaid, sin far an d'fhuair e cead-searmonachaidh o Chlàir Uibhist, sin far an do libhrig e a cheud searmon and far an do rinn e a cheud seirbheis-phòsaidh. Anns an dealbh chì sibh cuid den luchd-èisteachd a bha aig an òraid.

Air fear de bhuill a' choitheanail an oidhche ud chì sibh an t-Urr. Iain M. Mac a' Ghobhainn. Thug esan na coinneamhan cuimhneachaidh gu ceann le seirbheis Chomanachaidh oidhche na Sàbaid. Bha esan 'na mhinistear anns an sgìre eadar 1963 agus 1992. Madainn na Sàbaid bha am ministear a thàinig às a dhèidh, an t-Urr. Aonghas Iain Dòmhnallach, os cionn seirbheis thaingealachd. Bha esan ann an Loch nam Madadh eadar 1995 agus 2001. Tha an t-Urr. Dòmhnall Caimbeul air a bhith air ceann a' choitheanail o 2004, agus rinn esan seirbheis choisrigidh oidhche Dhiardaoin. Dihaoine chùm an t-Urr. Ruairidh Moireasdan, a bhuineas don sgìr, seirbheis ann an eaglais Loch nam Madadh. Dihaoine bha cruinneachadh gasta aig biadh ann an talla na coimhearsnachd. Bha latha fosgailte ann Disathairne, gu h-àraidh don òigridh. Bha taisbeanadh ann de dhealbhanan a bhuineas do dh'eachdraidh na h-eaglais.

# Leabhraichean

Nuair a bha am Fear-deasachaidh 'na oileanach bu toigh leis a bhith a' ruith air na bùithean ann an Dùn Eideann a bha a' reic sheann leabhraichean. Cheannaich e leth-bhreac den leabhar aig Alastair MacNeacail air eachdraidh an Eilein Sgitheanaich a thàinig on chlàr ann an 1930. Anns an leabhar tha eachdraidh agus beul-aithris air am fighe gu fiosrach ri chèile.

A bharrachd air a bhith 'na fhear-eachdraidh, 's e sgoilear Gàidhlig a bha ann an Alastair MacNeacail (1873-1960). Bha e a' teagasg ann an Colaiste Chnoc Iòrdain ann an Glaschu. Dheasaich e leabhraichean air gràmar na Gàidhlig agus air tòimhseachain agus dubh-fhacail.

Thàinig an leabhar eachdraidh seo a-mach as-ùr ann an 1994, air a dheasachadh leis an Dotair Alastair MacGhilleathain. A-nis tha Urras Leabhraichean nan Eilean air deasachadh talc-ùr den leabhar a thoirt am follais. Tha Cailean MacGhilleathain, a dheasaich an leabhar ùr, air

## History of Skye

Alastair MacNeacail

(The Islands Books Trust. £25)

iomadh rud luachmhor agus feumail a chur ris a' cheud leabhar. ('S mac an Dotair Alastair a tha ann an Cailean.) Tha na pìosan Gàidhlig air an eadar-theangachadh gu Beurla. Tha dealbhannan air an cur ris an leabhar, agus tha clàir ann le ainmean leabhraichean air a bheil an eachdraidh air a stèidheachadh. Tha clàr-innse aig an deireadh a tha glè fheumail don leughadair.

Cuiridh a' chuid againn a chuir luach air leabhar-eachdraidh Mhic Neacail an tuilleadh luach air an leabhar ùr seo a chionn gu bheil e a-nis air a leudachadh anns a' chumadh anns a bheil e air a chlàr-bhualadh a-nis. Tha adhbhar againn a bhith fo fhianachan do Chailean MacGhilleathain airson na rinn e ann a bhith a' deasachadh an leabhair. Leabhar mòr tomadach (tha suas ri ceithir cheug duilleag ann anns an riochd ùr seo), air a chur ri chèile agus air a chlàr-bhualadh gu mìorbhaileach. Leabhar eireachdail sgoilearach eile o Urras Leabhraichean nan Eilean.

# Eaglais Uachdar Ardair

# Ath-Nuadhachadh

Tha Uachdar Ardair ann an siorramachd Pheairt, suas gu tuath bho Shliabh Ochaill agus faisg air Taigh-òsta Ghleann na h-Eaglais, far an do chruinnich na Ceannardan as cumhachdaiche air an t-saoghal, ann an 2005. Tha gach goireas ri fhaotainn anns an Taigh-òsta a tha ainmeil air feadh an t-saoghail agus aig a bheil còig roinneagan sàr-mhathais.

Tha am baile fada, caol, le rathad a tha mìle gu leth ann am faid agus air sàilleabh sin their iad "The Lang Toon" ris.

Chaidh Uachdar Ardair agus na bailtean mòr thimcheall a sgrìobhadh leis an Iarla Màrr aig Blàr Sliabh an t-Siorraim ann an 1716.

Anns a' bhaile tha an dachaigh aig Stephen Henry, an cluicheadair snooker, a fhuair prìomh dhuais na cruinne seachd tursan.

Tha àite sònraichte aig a' bhaile ann an eachdraidh, oir is ann ann an Eaglais Uachdar Ardair a thòisich, ann an 1834, trioblaid a lean gus an tàinig, ann an 1843, briseadh na h-Eaglaise.

Anns na meadhan aoisean bha eaglais a bha coisrichte don Naomh Ceiseig aig ceann a tuath a' bhaile. Thar nam bliadhnan thuit i às a chèile agus thogadh eaglais ùr ann an 1784. Mhair i sin gu 1897 nuair a chuireadh suas an aitreabh anns a bheil an coitheanal ag adhradh an-diugh.

Aig an àm seo tha an eaglais bàn, ach cuirear fàilte chridheil air neach sam bith a thadhlas.

## Tormod Dòmhnallach, (Tobar na Màthar).

*(Ministear a bha ann an Uachdar Ardair, air am bi mòran den luchd-leughaidh eòlach, b' e an t-Urr. Dòmhnall Uilleam MacCoinnich a bha air an ceann a' choitheanail eadar 1966 agus 1988. Roimhe sin bha e ann an Gleann Aora agus Inbhir Aora o 1948 agus 1966. Ann an Inbhir Aora bhiodh seirbheisean Gàidhlig aige gu cunbhalach. Thòisich e a mhinistrealachd ann am Barraigh ann an 1941. Mar sin tha e air fear de na ministearan as fhaide anns an dreuchd ann an Eaglais na h-Alba.)*



Anns an luchd-an-uiridh sheall sinn dhuibh dealbh-làimhe den t-seann eaglais ann am Beàrnaraigh na Hearadh mar a bha i bho chionn faisg air ceithir fichead bliadhna, gun cheann, gun doras, gun uinneagan. Chì sibh anns an dealbh gu h-àrd mar a tha i a-nis an dèidh obair leasachaidh a bhith air a dhèanamh oirre. Tha an togalach an-diugh air a chur air dòigh mar thaigh-còmhnaidh. Tha e 'na dhearbhadh air cho math agus a bha an eaglais air a togail gun do sheas an tobhta ri stoirmean a' gheamhraidh.

Tha sreath de prògraman telebhisein air Seanal Ceithir air a bheil Restoration Man. Bidh am prògram seo a' leantainn na h-obrach a chaidh a dhèanamh air seann togalaichean air an toirt air ais chun an t-suidheachaidh a bha aca nuair a chaidh an cur suas an toiseach. Tha an companaidh telebhisein a' cur crìch air dealbhannan a thogail ann am Beàrnaraigh air a' mhìos seo.

Chaidh eaglais Bheàrnaraigh fhosgladh ann an 1829. Bha i air tè de na h-eaglaisean Pàrlamaid a dhealbh Tòmas Telford. Rinneadh rannsachadh a dhèanamh air dè an làrach a bhiodh freagarrach airson taigh-adhradh a thogail a bhiodh a' frithealadh don t-sluagh a bha astar mòr o eaglais na sgìre. Bha feadhainn ag ràdh gum bu chòir don eaglais ùr a bhith ann an Ròghadal, ann an ceann a deas na Hearadh, no ann an eilean Phabaigh. Air a' cheann thall chaidh Beàrnaraigh a thaghadh. Bha e air a ràdh gun cluinneadh tu glag na h-eaglais ann am Pabaigh, agus air latha socair as t-samhradh gu robh e ri chluinntinn cho fada air falbh ri tìr-mòr na Hearadh. Bha dà dhoras air an eaglais, doras nam Pabach agus doras nam Beàrnarach.

Ann an 1843 lean a' chuid-mhòr de mhuinntir Bheàrnaraigh an Eaglais Shaor. Mar a thachair ann an iomadh sgìr anns na h-eileanan, bha feadhainn air iad fhèin a sgaradh on Eaglais Stèidhte mun tàinig an Dealachadh. Chaidh còrr is dà fhichead bliadhna seachad mun deachaidh aig an Eaglais Shaor air eaglais agus mansa a thogail ann am Beàrnaraigh. Sin far a bheil coitheanal Eaglais na h-Alba ag ràdh nar latha-ne.

# Gàidhlig Shìmplidh

Ceann-teagasg airson a' mhìos seo: "Dh'fheith mi le foighidinn ris an Tighearna." Tha na faclan sin anns an dà

fhicheadamh salm, aig a' cheud rann. Tha an salmadair a' bruidheann an seo air foighidinn. Tha sinne beò ann an linn chabhadh. Ach feumaidh an tuathanach a bhith foighidneach. Cuiridh e sìol anns an earrach. Feumaidh e feitheamh gus an tig am foghar gus am faic e an toradh. Anns a' bheatha spioradail feumaidh sinn a bhith foighidneach cuideachd. Nuair a bhios sinn ag ùrnaigh, chan fhaigh sinn freagairt anns a' mhionaid. 'S dòcha nach e am freagairt a tha sinn ag iarraidh a gheibh sinn.

Tha teaghlach de dh'ealchannan a bhios a' tadhal oirnn an seo. Tha ochd iseanan ann. Chan ann tric a bhios àl cho mòr

sin aca. Thig iad a-steach chun a' chladaich airson biadh fhaighinn. Tha an eunlaith brèagha. Tha iomadh leasan ann a dh'ionnsaicheas iad dhuinn. Chomhairlich Iosa dhuinn a bhith a' coimhead air an eunlaith. Tha iad gar teagasg mu chùram Dhè. A bheil iomradh againn air an eala anns a' Bhioball? Ma choimheadas sinn air Lebhiticus 11:18 agus Deuteronomi 14:16 tha an eala air a h-ainmeachadh an sin. Bha i am measg nan eun nach robh cead aig na h-lùdhaicheithe.

Seanfhacal airson a' mhìos seo: "Dhèanadh Niall clàrsairean, nan cuireadh càch ceòl annnta." (Neil would make

harps, if others would put music into them.) Chan eil fios againn cò a bha ann an Niall. Bha a sgìl fhèin aige-san. Dhèanadh esan clàrsach. Ach cha chluicheadh e a' chlàrsach sin. Dh'fhàg e sin aig daoine eile. Bha tàlant acasan mar luchd-ciùil. Tha comasan air leth aig gach neach. Thug Dia dhuinn sgìlean agus cothroman eadar-dhealaichte. Tha E ag iarraidh oirnn ar comasan a chur gu feum 'na sheirbheis agus ann an seirbheis ar co-chreutairean.

Anns an t-Sultain bha mi air chuairt ann an Uibhist. Tha goireasan-siubhail ann nach robh aig sluagh nan eilean

nuair a bha mise òg. Tha na rathaidean mòra nas fheàrr. Tha drochaidean agus cabhsairean far am biodh daoine a' feitheamh ri aiseag anns na seann làithean. Tha an turas-mara nas giorra eadar an t-Eilean Sgitheanach agus na Hearadh agus Uibhist a Tuath. 'S e rud mòr a tha ann daoine a bhith air an toirt nas fhaisge air a chèile. Thàinig Iosa airson ar toirt nas fhaisge air Dia. Thàinig E cuideachd airson daoine a thoirt nas fhaisge air a chèile ann an co-chomann.

# AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU.  
Fòn: 01499500 629 Post-dealain: ruairidhmacleoid@btinternet.co.uk.

## Thall 's a-Bhos

### AIR AN ADHAR

Air a' cheud Sàbaid den mhìos cluinnidh sinn an t-Urr. Uisdean Stiùbhart, ministear Bheàrnaraigh agus Uige, air ceann na seirbheis air *Dèanamaid Adhradh*. Air an darna Didòmhnaich bidh an t-Urr. Cailean MacAonghais a' craobh-sgaoileadh. Bidh an t-Urr. Murchadh A. MacLeòid on Eaglais Shaoir Leantainnich air ceann an adhradh air an treas Dòmhnach. Air an t-Sàbaid mu dheireadh bidh an t-Urr. Iain MacAsgaill on Eaglais Shaoir a' cuartachadh na seirbheis. Cluinnear na seirbheisean aig naodh uairean madainn Dhidòmhnaich agus trì uairean feasgar.

### FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist a chuir sinn oirbh mu àiteachan anns a' Bhìoball far a bheil iomradh air toradh. 1. Càin. 2. ...fireantachd. 3. Craobh na beatha. 4. An treabhaiche.

### COITHEANAL BAN

Tha sgìre Chàirinis ann an Uibhist a Tuath air a bhith bàn bho leig an t-Urr. Iain Maclamhair dheth uallach coitheanail anns a' Chèitean. Tha an coitheanal air cùl-taic fhaighinn on Urr. Ruairidh MacFhionghain a tha air a bhith o àm gu àm a' cumail sheirbheisean agus a' dèanamh dhleasdanas eile air a bheil feum. Tha Mgr. MacFhionghain air obair mhath a dhèanamh far a bheil sgìrean Gàidhealach gun mhinistear bho leig e fhèin dheth an dreuchd ann an 1995. The e fìor eòlach air an eaglais ann an Uibhist. A bharrachd air a bhith a' cuideachadh ann an coitheanalan a tha bàn, bha e fhèin 'na mhinistear ann an Dalabrog eadar 1968 agus 1981.

### RANN

*Tha ìocshlaint 'na bhàs, tha slàint' 'na ghealladh,  
'S fo sgàil tha comann ri Dia'  
'S tha feartan gu fàs o ghràs a' sruthadh,  
Bheir bàs air cumhachd gach miann;  
Tha aibhnichean sòlais glòrmhor fallain,  
Tigh'nn beò o charraig nan à;  
Seo 'm fìor-uisge beò chuireas ceòl 's gach anam,  
A dh'òlas glan e mar thà.*

Seo rann on laoidh aig Pàdraig Grannd, *Tha Sion a' seinn*, fear de na dàin spioradail air an robh na ginealaichean a chaidh romhainn glè mheasail. Bha a' bhàrdachd aig a' Ghrannnach an còmhnaidh siùbhlach soisgeulach. Ged a bha Pàdraig 'na Bhaisteach, bha daoine anns gach eaglais dèidheil air na laoidhean aige, mar a tha chun an latha an-diugh.

### FUASGLADH AN TOIMHSEACHAIN

Tarsaing. 1. Tart. 2. Buan. 6. Calltachd. 7. Elim. 9. Neri. 10 Adharc ola. 12. Ceud. 13. Dara. Sìos. 2 Aca. 3. Talamh àrd. 4. Buannachd. 5. Achor. 8. Là Dhè. 11. Làr.

### SEIRBHEIS A' MHOID

Bidh seirbheis Ghàidhlig ann an eaglais Eòin ann an Dùn Omhain a' comharrachadh fosgladh a' Mhòid Nàiseanta air a' cheathramh latha deug den Dàmhair. Bidh an t-seirbheis a' tòiseachadh aig trì uairean feasgar. Air ceann an adhradh bidh an t-Oll. Urr. Ruairidh MacLeòid agus bidh an t-Urr. Seumas MacNèill às an Oban cuideachd a' gabhail compàirt.

Tha dòchas ann gun craobh-sgaoil an stèisean coimhearnachd ràdio ann an Dùn Omhain an t-seirbheis beò agus gum bi cothrom aig luchd-èisteachd air feadh an t-saoghail an t-seirbheis a chluinntinn.

### ADHBHAR GAIRE

Nuair a bha an t-Urr. Tormod Dòmhnallach 'na mhinistear ann an Loch nam Madadh agus Trumaisgearraidh eadar 1936 agus 1948 bha an dà eillear aige a bha còrr is ceithir fichead agus deich. Bha ministear eile ga chuideachadh aig àm Comanachaidh. Thàinig fear de na h-eildearan a-steach. Nuair a dh'fhalbh e, thubhairt am fear-cuideachaidh ri Tormod, "S e seann eillear a bha siud." "O," fhreagair ministear Loch nam Madadh, "sin agad am fear òg."

## Urnaigh

A Dhè nan gràs,  
tha Thusa ag iarraidh oirnn  
tighinn mar a tha sinn  
gu rìgh-chathair nan gràs.  
Tha sinn a' tighinn  
mothachail air ar feum,  
mothachail air ar neo-airidheachd,  
mothachail air ar teachdan-geàrr.  
Dèan taingeil sinn  
gu bheil Thusa  
a' dèiligeadh rinn uile  
ann an tròcair  
agus ann an coibhneas-gràidh.

Amen

An dealbh air an aghaidh:  
Chaidh an dealbh seo a thogail  
bliadhnanach mòra air ais.  
'S dòcha gun aithnich cuid  
den luchd-leughaidh gur e  
sealladh de Ghleann Comhann  
a tha anns an dealbh.